

Plana Gàidhlig
Ùghdarras Pàirc Nàiseanta
a' Mhonaidh Ruaidh

Aontachta le Bòrd na Gàidhlig – Màrt 2013



Foillsichte le Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh
Ruaidh
14 a' Cheàmag
Baile Ùr nan Granddach
PH26 3HG

Fòn: 01479 873535
Facs: 01479 873527
Post-d: enquiries@cairngorms.co.uk

www.cairngorms.co.uk

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaotainn
ann an clò mòr is cruthan eile ach
iarraidh orra. Rachaibh an conaltradh
ri Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a'
Mhonaidh Ruaidh air 01479 873535.
Faodar a faicinn cuideachd aig
www.cairngorms.co.uk

© ÙPNMR/CNPA 2013. Gach còir glèidhte.

Obair-chamara: Angus Findlay/CNPA, David Gowans

Facal-toisich

Is tric a theirear nach bruidhnear Gàidhlig ann am Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh. Ach a dh'innse na firinne, tha i air a cleachdadh a h-uile latha le luchd-còmhnaidh, luchd-tadhail agus gnìomhachasan ann an ainmean-àite, ainmean ghnèithean agus ann am faclan o bhoglach gu uisge-beatha. 'S i a' Ghàidhlig a chum dualchas na Pàirce. Bidh daoine ri mire aig cèilidh agus, ann am pàirtean den Phàirc, bidh mòran fhireannach òga is balaich, agus clann-nighean gu ìre nas motha 's nas motha, le caman aig an taigh. Anns na beanntan, tha ainm Gàidhlig air gach tè dhe na 55 Rothach anns a' Phàirc, agus bheir tuigsinn bunaiteach dhiubh toil-intinn nas doimhne do neach-coiseachd nam beann – neach cudromach a thaobh teachd-a-steach o thurasachd – tlachd nas doimhne san àite àraid seo, na tìr-dhreach agus na dualchas/cultar.

Tha ròl dà-rìribh aig Gàidhlig ann am bun-amasan na Pàirce Nàiseanta, 's iad sin glèidhteachas dualchais, coimhearsnachdan seasmhach agus tlachd sa Phàirc. Tha mòran de chom-pàirtichean na Pàirce, len cuid fhèin de phoileasaidhean Gàidhlig, a' cuideachadh ann a bhith a' toirt Gàidhlig air ais gu coimhearsnachdan na Pàirce tro bhuidhnean, phròiseactan agus ghnìomhan. Am measg 17,000 neach-còmhnaidh na Pàirce agus 1.5 millean neach-tadhail a thig gach bliadhna, tha eadar-mhìneachadh is tachartasan a bhuineas ri Gàidhlig a' togail a h-ìomhaigh mar phàirt de tharraing na Pàirce. Tha Gàidhlig a' tairgsinn fìor dheagh chothrom cur ri soirbheas eaconamach, tuigsinn is tlachd na Pàirce.

Tha mi fìor thoilichte gu bheil ar Plana Gàidhlig a-nis a' cur an cèill dealas ÙPNMR, rud a chuireas ri leasachadh na Gàidhlig.

Duncan Bryden

Neach-gairm, bòrd Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh

Clàr-innse

	page
Geàrr-chunntas	6
Structar a' Phlàna Ghàidhlig	7
Caibideal 1	8
Ro-ràdh	
Co-theacsa leasachaidh do Phlanaichean Gàidhlig	
Sealladh farsaing de dh'obair Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh agus cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh ar raon-obrachaidh	
Caibideal 2	14
Bun-Dealasan	
Earrann 1 – Dearbh-aithne	
Earrann 2 – Conaltradh	
Earrann 3 – Foillseachaidhean	
Earrann 4 – Luchd-obrach	
Caibideal 3	37
Builean poileasaidh a thaobh Gàidhlig	
1. Togail Cànain	
2. Cleachdadh Cànain	
3. Inbhe Cànain	
4. Corpas Cànain	
Caibideal 4	41
Cur-an-gnìomh is Sgrùdadh	
Fiosrachadh Conaltraidh	43



Geàrr-chunntas

Aithnichidh Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh (ÙPNMR) gur i a' Ghàidhlig pàirt coileanta de dh'Alba agus de shaoghal dualchas, dearbh-aithne is cultar na Pàirce. Tha sinn fo dhealas a thaobh nan amasan a tha ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus chuir sinn an-sàs na structairean is na ro-innleachdan a tha riatanach gun dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig maireannach seasmhach ann an Alba agus ann am Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh.

Aithnichidh sinn gu bheil suidheachadh na Gàidhlig glè chugallach agus mas e 's gum bi a' Ghàidhlig air a h-ath-bheothachadh mar chànan ann an Alba, gu bheil feum air dian-iarrtas aonaichte on riaghaltas, o na h-earrainnean poblach is prìobhaideach, o bhuidhnean coimhearsnachd agus o neachan-labhairt air leth a chor is gum bithear:

- A' cur ri inbhe na Gàidhlig
- A' cur air adhart togail is ionnsachadh na Gàidhlig
- A' brosnachadh tuilleadh cleachdaidh de Ghàidhlig

'S i an sgrìobhainn seo Plana Gàidhlig ÙPNMR, a chaidh ullachadh taobh a-staigh frèama Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha i a' cur an cèill mar a chleachdas sinn a' Ghàidhlig nar n-obair, mar a chuireas sinn an comas gun cleachdar a' Ghàidhlig agus sinn a' conaltradh ris a' mhòr-shluagh 's ri prìomh chom-pàirtichean, agus mar a chuireas sinn air adhart is a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig.

Chaidh seo ullachadh a rèir gach slat-tomhais reachdail a tha ann an Achd 2005, le aire air Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus Treòr air Leasachadh Phlanaichean Ghàidhlig.

Structar a' Phlana Ghàidhlig

'S iad prìomh eileamaidean ar Plana Ghàidhlig ach:

Caibideal 1 – Ro-ràdh

Bheir an caibideal seo cùl-sgeul is co-theacs a bhuineas ri ullachadh Phlanaichean Ghàidhlig fo Achd 2005 agus structar ar prìomh raointean obrach. Cuideachd, bheir e geàrr-chunntas air suidheachadh na Gàidhlig am measg dhaoine.

Caibideil 2 – Bun-dealasan

Cuiridh an caibideal seo an cèill mar a chleachdas sinn, agus mar a chuireas sinn cleachdadh an comas chàich, a' Ghàidhlig far am buin i ri prìomh ghnìomhan ar gnìomhachais. Dèiligidh e ri prìomh raointean ar n-obrach, leithid dearbh-aithne chorporra, soighnichean, conaltradh ris a' phoball agus cleachdadh na Gàidhlig air ar làrach-lìn. Cuideachd, cuiridh e an cèill a' bhun-ìre as lugha de dh'ullachadh Gàidhlig a tha fo dhealas againn a sholarachadh ri linn àm sònraichte a' Phlana.

Caibideal 3 – Builean poileasaidh a thaobh Gàidhlig: a' cur an gnìomh Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Cuiridh an caibideal seo an cèill mar a chuidicheas sinn a thaobh cur-an-gnìomh Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Cuideachd, seallaidh e mar a tha e am beachd againn cleachadh na Gàidhlig adhartachadh ann an raointean ar poileasaidhean, leithid fastachd luchd-obrach. A bharrachd air seo, bithear a' beachdachadh air mar a bheir sinn aire don Ghàidhlig agus don Phlana Ghàidhlig againn nuair a bhios sinn a' cur poileasaidhean ùra ri chèile agus a' smaoineachadh air ro-innleachdan ùra.

Caibideal 4 – Cur-an-gnìomh is Sgrùdadh

Tha an caibideal seo a' cur an cèill mar a thèid cur-an-gnìomh ar Plana Ghàidhlig a thoirt air adhart, agus mar a thèid sin agus gach toradh a sgrùdadh.

Caibideal I – Ro-ràdh

Co-theacsa leasachaidh do Phlanaichean Ghàidhlig

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus cur-a-mach bratha

Chaidh gabhail ri Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aig Pàrlamaid na h-Alba agus e san amharc inbhe na Gàidhlig mar aon de chànanan oifigeil na h-Alba a chumail tèarainte agus co-ionannachd spèis a bhith aice ris a' Bheurla.

'S e aon de phrìomh phàirtean de dh'Achd 2005 ach an ullachadh a chuireas an comas Bhòrd na Gàidhlig iarraidh mar riathanas gun cuir buidhnean poblach Planaichean Ghàidhlig ri chèile. Chaidh an t-ullachadh seo a chur ri chèile gus dèanamh cinnteach gum bi an earrann phoblach ann an Alba a' coileanadh a ròl ann a bhith a' cruthachadh saoghal maireannach don Ghàidhlig le bhith a' togail inbhe is ìomhaigh a' chànain cho math ri cothroman pragtaigeach far an gabh a cleachdadh.

Co-chomhairleachadh air dreachd Phlana Ghàidhlig

Fo Achd 2005 tha e riatanach gun toir buidhnean poblach ullachadh an cuid Phlanaichean Ghàidhlig gu aire gach neach is eile a tha an-sàs. Rinn sinne co-chomhairleachadh air ar dreachd Phlana ri linn Samhain is Dùbhlachd 2010. Chaidh an sgrìobhainn a chur ri fhaotainn air ar làrach-lìn, nar n-oifisean, nar leabharlannan agus ann an àiteachan so-ruigsinneach eile far am b' ìomchaidh sin. Cuideachd, chaidh litrichean a chur gu prìomh luchd-maoineachaidh agus gu buidhnean Ghàidhlig, ag innse dhaibh mun cho-chomhairleachadh agus a' tarraing aire shònraichte don cheangal air an làrach-lìn. Fhuair 14 freagairtean gu h-iomlan. An dèidh a' cho-chomhairleachaidh, chaidh beachdachadh air cuid de na chaidh a chur an cèill agus chaidh pàirtean den dreachd Phlana atharrachadh. Chaidh gabhail ris an dreachd Phlana gu foirmeil le bòrd ÙPNMR ann am Faoilleach 2011.

Aonta Plana Gàidhlig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh:

Agus bòrd ÙPNMR air gabhail ris, chaidh am Plana Gàidhlig a chur gu Bòrd na Gàidhlig ann an 2012's chaidh gabhail ris ann am Màirt 2013.

Sealladh farsaing de dh'obair Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh agus cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh ar raon-obrachaidh

Cùl-fhiosrachadh mun Ùghdarras Phoblach

Chuireadh Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh air bhonn ann an Sultainn 2003 agus chaidh Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh (ÙPNMR) fo làn uidheam – a' gabhail ris na cumhachdan reachdail uile aige – air 1 Sultainn 2003.

Chaidh ar cur ri chèile mar bhuidheann-chuideachaidh, a' cur air adhart obair chom-pàirteach agus a' toirt stiùiridh don a h-uile buidheann is eile a tha an-sàs sa Phàirc. Cha dèan sinn an aon obair 's a nì buidhnean eile, leithid buidhnean-iomairt no Dualchas Nàdair na h-Alba, ach nì sinn cinnteach gum bithear ag obair mar aon air pròiseactan is ro-innleachdan a chuidicheas sinn ceithir amasan na Pàirce a choileanadh.

'S iad na ceithir amasan a chuirear an cèill ann an Achd nam Pàircean Nàiseanta (Alba) 2000 ach gum bithear:

1. A' glèidheadh 's a' cur ri dualchas nàdarra is cultarach na sgìre;
2. A' cur air adhart cleachdadh seasmhach de dh'fheartan nàdarra na sgìre;
3. A' cur air adhart tuigse is tlachd (a' gabhail a-steach tlachd mar chaitheamh-aimsire) a' mhòir-shluaigh a thaobh feartan sònraichte na sgìre;
4. A' cur air adhart leasachadh eaconamach is sòisealta am measg coimhearsnachdan na sgìre.

Tha e cudromach tuigsinn gum bi ÙPNMR ag obair ann an dòigh eadar-dhealaichte ri Ùghdarrasan Phàircean eile. 'S iad ar dleastanasan reachdail ach planadh/dealbhadh is leasachadh, so-ruigsinneachd

a' bhlàir a-muigh agus cur-a-mach Plana Ionadail agus Plana Pàirce Nàiseanta. Bidh raointean eile, leithid leasachadh eaconamach, seirbheisean rèinsearan agus soighnichean, air an lìbhrigeadh tro obair chom-pàirteach. 'S e ar prìomh neart ach obair chom-pàirteach, a' toirt bhuidhnean eile an ceann a chèile gus co-obrachadh a chor is gum bi buannachdan ann don Phàirc. Mar eisimpleir, chan fhaisteach sinne rèinsearan ach bidh sinn a' maoineachadh seirbheisean nan rèinsearan anns a' Phàirc agus ag obair còmhla riutha. A thaobh foghlaim, bidh sinn ag obair cuide ris na còig comhairlean agus ri Foghlam Alba gus pròiseactan a leasachadh a bhios mar chuideachadh don Phàirc ann a bhith a' lìbhrigeadh a' Churraicealam airson Sàr-mhathais, cho math ri leasachadh leantainneach proifeiseanta. Cho math ri dealasan soilleir a choileanadh mu na libhrigeas sinn mar bhuidheann a thaobh a' Phlana Ghàidhlig, nì sinn cuideachd co-obrachadh agus co-aonta ri com-pàirtichean mu dheidhinn na ghabhas libhrigeadh sa Phàirc de rudan a bhuineas ris a' Ghàidhlig.

Le mu chòrr is 60 neach-obrach agus 19 buill bùird, tha caochladh dhleastanasan reachdail aig Ùghdarras na Pàirce, nan lùib, a bhith a' stiùireadh so-ruigsinneachd blàr a-muigh na Pàirce, planadh/dealbhadh agus leasachadh cho math ri cur-a-mach Plana Ionadail agus Plana Pàirce Nàiseanta.

Tha sinn air ar maoineachadh le Riaghaltas na h-Alba agus bidh Ministearan na h-Alba a' cur seachdnar de na buill bùird againn an

dreuchd. Thèid seachdnar eile ainmeachadh airson a' bhùird leis na còig comhairlean anns a' Phàirc – a' Ghàidhealtachd (2), Siorrachd Obar Dheathain (2), Moireabh (1), Aonghas (1) agus Peairt & Ceann Rois (1) - agus bithear a' taghadh còignear gu h-ionadail. Tron bhòrd againn, tha sinn fo uallach nam Ministearan agus mar sin fo dhleastanas Pàrlamaid na h-Alba.

A' Ghàidhlig taobh a-staigh raon-obrachaidh Ùghdarras na Pàirce

'S i Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a' Phàirc Nàiseanta as motha san RA agus i 4,528 km ceàrnagach de mhead, le còrr is 17,000 neach-còmhnaidh, agus i a' dèiligeadh ri còig sgìrean de dh'ùghdarrasan ionadaile.

- A' Ghàidhealtachd
- Moireabh
- Siorrachd Obar Dheathain
- Aonghas
- Peairt is Ceann Rois

Tha eachdraidh shaidhbhir is dualchas iom-fhillte chànanan ann am Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh. Bha làmh an uachdair aig a' Ghàidhlig ann an sgìre a' Mhonaidh Ruaidh bho chionn còrr is 1,000 bliadhna air ais (a' cur cànan is cultar nan Cruinneach às àite) agus ri linn seo tha a' chuid as motha de dh'ainmean-àite na Pàirce mar a tha iad an ceartuair air tighinn às a' Ghàidhlig. Gidheadh, chrìon an cànan beag air bheag agus mun 18mh is mun 19mh linn bha mòran dhaoine ann an sgìre a' Mhonaidh Ruaidh dà-chànanach, a' labhairt Albais cho math ri Gàidhlig. Air taobh an ear den Phàirc, thathar fhathast a' labhairt Doraic, cànan a chuireas ri cultar is eachdraidh na sgìre.

A rèir cunntas-sluaigh 2001, bha 583 neach a' còmhnaidh sa Phàirc (3.1% de shluagh na Pàirce agus 0.6% de luchd-Gàidhlig iomlan na h-Alba) aig a bheil comas air choreigin sa Ghàidhlig. Tha a' mhòr-chuid dhiubh seo nan còmhnaidh ann am Baile Ùr an t-Slèibh agus ann an Cinn a' Ghiuthsaich.

Fhuair a-mach tro fhiosrachadh a chuir Bòrd na Gàidhlig ri chèile ri linn bliadhna academigeach 2009-2010 gun robh triùir sgoilear ann an Sgoil-àraich Ghàidhlig agus 23 a' faighinn foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig ann am bun-sgoiltean na Pàirce. Cuideachd, bha 11 fileantaich ri foghlam Gàidhlig san àrd-sgoil. 'S i Bun-sgoil Bhaile Ùr an t-Slèibh an aon sgoil sa Phàirc aig a bheil aonad Gàidhlig. Bithear a' teagasg grunn chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig ann an Àrd-sgoil Chinn a' Ghiuthsaich.

Tha grunn chompanaidhean is bhuidhnean Gàidhlig ag obair sa Phàirc neo faisg oirre a tha a' tairgsinn sheirbheisean ann an cànan is dualchas na Gàidhlig (feadhainn dhiubh a tha air am maoineachadh gu h-ìre, no a gheibh taic, aig ÙPNMR). Am measg buidhnean saor-thoileach Gàidhlig na Pàirce tha Sinne (Buidheann Ghàidhlig Srath Spè is Bhàideanach), a chuireas air dòigh tachartasan ionnsachaidh is com-pàirteach air sgàth luchd-ionnsachaidh agus luchd-fileanta; agus Gàidhlig anns a' Phàirc, buidheann-ghnìomha Ghàidhlig a tha ÙPNMR mar bhall dhith. Bidh ÙPNMR a' maoineachadh grunn de na gnìomhan is na cùrsaichean a ruitheas Sinne, leithid Blasad na Gàidhlig, cùrsa ochd-seachdainean do luchd-ionnsachaidh, a bhios air chois ann an Ionad-Foghlaim Bhàideanach. Bha cùrsaichean air chois air feadh 2011 agus tha tuilleadh a' gabhail àite ann an 2012. 'S e Ceuman Beaga clas-foghlaim

ro-sgoile a bhios a' coinneachadh gach Dihaoine ann an Ràta Mhurchais, agus a gheibh maoinachadh tro Chomhairle na Gàidhealtachd, le mu ochdnar sgoilear. Faodaidh pàrantan frithealadh cuideachd, cho math ri pàirt a ghabhail sna clasaichean agus Gàidhlig ionnsachadh.

Bidh grunn thachartasan Gàidhlig mun Phàirc, gu sònraichte ann am Bàideanach is an Srath Spè, dhan toir sinne taic is maoinachadh gu h-ìre – mar eisimpleir, Fèis Spè agus Fèisean a' Mhonaidh Ruaidh, a bheir cothrom do dhaoine òga teagasg faotainn ann an ceòl traidiseanta is ealain cho math ri ionnsachadh-aon-ri-aon agus cothrom cluich air àrd-ùrlar mun cuairt na Pàirce. Cuideachd tha sinn air grunn chùrsaichean ann am Mothachadh na Gàidhlig a ruith tron chùrsa Trèanadh Gnìomhachais Fearainn (a tha ainmichte a-nis mar am Pròiseact Trèanaidh Stiùireadh Fearainn) don mhòr-shluagh agus don luchd-obrach againn.

A thaobh na h-Alba, b' i àireamh iomlan nan daoine a chaidh a chlàradh a bha comasach air Gàidhlig a bhruidhinn agus/ no a leughadh agus/ no a sgrìobhadh agus/ no a thuigsinn ann an cunntas-sluaigh 2001 ach 92,400 (1.9% de mhuinntir na h-Alba). Dhiubh seo, b' i àireamh iomlan nan daoine aig an robh comas labhairt sa Ghàidhlig ach 58,652 (1.15% de mhuinntir na h-Alba).

Ged a chrìon an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig san fharsaingeachd on chunntas-sluaigh ron a' seo, bha meud air an àireamh de dhaoine aig an robh comas labhairt is leughaidh is sgrìobhaidh sa Ghàidhlig eadar 1991 is 2001, a' sealltainn gun tàinig fàs air litearrachd sa Ghàidhlig

agus air luchd-ionnsachaidh. Cuideachd, mheudaich an àireamh de phàistean eadar aois 5 - 15 a bha comasach air Gàidhlig a labhairt eadar 1991 is 2001.

Chan eil figear cinnteach ann de luchd-ionnsachaidh inbheach neo-fhileanta. Gidheadh, fhuair eadhon a-mach ri linn sgrùdadh nàiseanta ann an 1995 airson Comann na Gàidhlig, a' bhuidheann-leasachaidh Ghàidhlig, gun robh mu thuaiream 8,000 dhiubh ann an Alba.

Gu nàiseanta, tha mu 2,500 sgoilear aig ìre bhun-sgoil is àrd-sgoil a' faotainn foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FMG) an ceartuair, le 700 pàiste a bharrachd ann an sgoiltean-àraich. Taobh a-staigh foghlam tro mheadhan na Beurla, bidh eadar 2,500 is 3,000 neach-ionnsachaidh a' dèanamh Gàidhlig mar chuspair san àrd-sgoil gach bliadhna eadar Clas 1 is 6. Bidh mòran phàistean ann am bun-sgoiltean na Beurla a' gabhail pàirt anns an sgeama Ghàidhlig anns a' Bhun-sgoil gach bliadhna, le mu 6,500 pàiste ann an seisean 2005/6. (Tarraing: fiosrachadh mu Aonadan Gàidhlig às Sgoiltean na h-Alba Air-loidhne.)

Cuiridh *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* aig Bòrd na Gàidhlig an cèill amasan soilleire a thaobh àireamhan de luchd-labhairt na Gàidhlig thairis air na 35 bliadhna ri teachd, mar a leanas:

- 65,000 neach-labhairt is 4,000 pàiste gach bliadhna ann am FMG mu 2021
- 75,000 neach-labhairt is 10,000 pàiste ann am FMG mu 2031
- 100,000 neach-labhairt is 50,000 pàiste ann am FMG mu 2041

Neo-air-thaing àireamhan luchd-labhairt Gàidhlig san fharsaingeachd, faodar a bhith an dùil gun lean na th' ann de mheudachadh ann an litearrachd, luchd-ionnsachaidh fileanta agus FMG, a mheudaicheas iarrtas air seirbheisean.

Gàidhlig taobh a-staigh Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh

Aithnichidh sinn gur i a' Ghàidhlig pàirt coileanta de dhualchas, de dhearbh-aithne agus de chultar Alba agus na Pàirce, agus tha sinn mu-thrath fo dhealas gun dèan sinn grunn ghnìomhan (a tha air an cur an cèill gu h-ard) ann an co-bhonn ri luchd-obrach is ri com-pàirtichean agus ris a' mhòr-shluagh a bhios mar chuideachadh ann a bhith a' cur ri inbhe cànan is dualchas na Gàidhlig.

Seallaidh ar n-oifisean an dealas sin gu soilleir, agus cuideachd togaidh seo inbhe, ìomhaigh is iomraiteachd na Gàidhlig. Tha suaicheantas agus facail Gàidhlig ri fhaicinn air bùird-fàilteachaidh ar n-oifise ann am Baile Ùr nan Granddach, agus tha am brannd no an t-suaicheantas Gàidhlig air an seastan a chumas ar bileagan-fiosrachaidh.

An-dràsta chan eil e clàraichte cia mheud neach-obrach a tha againn a tha fileanta sa Ghàidhlig, no a tha ga h-ionnsachadh no aig a bheil comas leughaidh no sgrìobhaidh sa chànan, ged a tha Gàidhlig aig diofar ìrean aig daoine am measg luchd-obrach agus buill bòrd ÙPNMR. Gidheadh, nì sinn sgrùdadh sgilean is seirbheisean cànan taobh a-staigh ciad bhliadhna a' Phlana, rud a chuidicheas sinn bun-loidhne a stèidheachadh a chleachdas sinn gus adhartas a sgrùdadh.

'S e aon phrìomh dhealas den Phlana Ghàidhlig gun dèan sinn suirbhidh gus faighinn a-mach cia mheud neach-obrach a tha ann aig a bheil comas Gàidhlig a labhairt, a leughadh agus/no a sgrìobhadh, agus cuideachd cia mheud aig a bheil ùidh ann a bhith ga h-ionnsachadh. Leigidh am fiosrachadh seo leinn feum a chur air, agus cur ri, sgilean an luchd-obrach a th' againn an-dràsta agus cuideachd ìre chleachdaidh na Gàidhlig am measg ar luchd-obrach a dhaingneachadh.

Bidh ÙPNMR a' maoineachadh is a' ruith grunn phròiseactan, chùrsaichean trèanaidh agus thachartasan a chuireas air adhart is a leasaicheas is a chuireas dualchas is cànan na Gàidhlig am meud, an dà chuid don luchd-obrach agus don mhòr-shluagh. Bidh sinn a' tairgsinn trèanadh Gàidhlig tro iomadh prògram, nam measg an cùrsa Trèanadh Gnìomhachais Fearainn (a tha ainmichte a-nis mar am Pròiseact Trèanaidh Stiùireadh Fearainn) agus trèanadh taobh a-staigh na buidhne. Cuideachd, tha riochdaire on luchd-obrach againn air grunn bhuidhnean saor-thoileach Gàidhlig, nam measg Gàidhlig anns a' Phàirc.

Roimhe seo, mhaoinich sinn cùrsa Gàidhlig don luchd-obrach. Bha seo ann don a h-uile neach, agus ann an Dùbhlachd 2011 ruith sinn trèanadh ann am Mothachadh na Gàidhlig don luchd-obrach agus do bhuill a' bhùird. B' e seo cùrsa leth-latha, rud a thog aire is iomraiteachd air Gàidhlig anns a' Phàirc. Tha e nar beachd dà chùrsa a bharrachd a ruith an ath-thuras do luchd-obrach, do bhuill a' bhùird, do chom-pàirtichean agus don mhòr-shluagh – A' Mlineachadh

Àrainneachd Ghàidhlig na h-Alba agus Sealladh na Gàidhlig air Nàdar. Cuideachd, bithear a' tairgsinn trèanadh is ionnsachadh na Gàidhlig don luchd-obrach tron sgeama-mheasaidh.

Cumaidh sinn oirnn a' brosnachadh is a' tairgsinn nan cothroman seo agus cuideachd bheir sinn leabhar-acmhainn Gàidhlig don luchd-obrach, rud a bhios mar ghoireas Gàidhlig dhaibh. Cuidichidh seo an luchd-obrach ann a bhith a' tuigsinn agus a' cleachdadh na Gàidhlig le misneachd. Bidh seo cuideachd ri fhaotainn air ar làrach-lìn.

Tha leagan Gàidhlig againn de shuaicheantas corporra ÙPNMR agus cleachdar e air foillseachaidhean, air an eadar-lìon, air litrichean, air bileagan-tainge agus air cairtean-gnìomhachais. Cleachdar an leagan Gàidhlig sa chuid as motha de shuidheachaidhean. Gidheadh, cha chleachdar ann an sanasan e ri linn ìrean-feabhais soillearachd is so-leughaidh. Gidheadh, tha e nar beachd ath-sgrùdadh a dhèanamh air cleachdadh na Gàidhlig leis an t-suaicheantas ri linn àm a' Phlana.

Cuideachd, bidh sinn a' cur a-mach a' bhileag dhà-chànanach Ainmean-Àite, rud a chuidicheas luchd-tadhail meas a bhith aca air dè na h-ainmean sa Phàirc aig a bheil tùs Gàidhlig agus dè tha iad a' ciallachadh.

Bidh sinn cuideachd a' toirt seachad facal-toisich nar foillseachaidhean reachdail is poileasaidh.

Tha suaicheantas fhèin aig Pàirc Nàiseanta a' Mhonaigh Ruaidh. Tha seo eadar-dhealaichte seach suaicheantas ÙPNMR agus cuiridh seo an cèill dearbh-aithne na Pàirce, 's chan e ÙPNMR. Cuideachd tha

brannd/suaicheantas àbhaisteach againn cho math ri feadhainn a tha freagarrach do theaghlaichean (mar eisimpleir, Margadh Tuathanaichean a' Mhonaigh Ruaidh agus Monadh Ruadh na Cruithachaileachd). Tha leagan Gàidhlig den t-suaicheantas ann agus tha sinn air seo a chleachdadh air tòrr dhe na pròiseactan againn, nam measg soighnichean-comharraidh slighe-a-steach, ar làrach-lìn agus stuthan mìneachaidh. Thig an t-suaicheantas fo stiùir buidheann-stiùiridh an t-suaicheantais, a tha dèante suas de riochdairean o bhuidhnean diofraichte anns a' Phàirc. 'S ann air ÙPNMR san fharsaingeachd a tha uallach an t-suaicheantais, agus ùghdarras air a thiomnadh a' dol don bhuidheann-stiùiridh. Dh'fheumadh ceist sam bith a tha ceangailte ri ath-sgrùdadh Gàidhlig an t-suaicheantais a bhith air a cnuasachadh leis a' bhuidheann-stiùiridh 's a bhith air aontachadh le bòrd ÙPNMR.

Thathar a' toirt iomraidh iomraitich air a' Ghàidhlig tron t-suaicheantas air feadh na Pàirce. Cleachdar e air diofar soighnichean-comharraidh slighe a-steach agus air clàran-innse a bheir sealladh farsaing (dà rud a th' air am maoineachadh le ÙPNMR). Tha na clàran seo ri fhaicinn aig ionadan-fiosrachaidh rèinsearean is luchd-tadhail, agus air an fheadhainn sin a tha ri fhaotainn ann an coimhearsnachdan cuideachd, a' cur fàilte air daoine le ro-ràdh sa Ghàidhlig.

Chìthear leagan Gàidhlig an t-suaicheantais ann an diofar àite mun cuairt na Pàirce.

Nì sinn sgrùdadh is luachadh air a h-uile gnìomh Gàidhlig againn, rud a chuidicheas sinn co-dhùnaidhean a ruigsinn a thaobh ar dealasan san tìde ri teachd.

Caibideal 2 – Bun-dealasan

Anns an sgrìobhainn reachdail aca, Treòr air Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig, bheir Bòrd na Gàidhlig fa-near gur e a bhith a' cruthachadh suidheachaidh iomchaidh a thaobh cleachdadh na Gàidhlig san t-saoghal phoblach tè de phrìomh eileamaidean ath-bheothachadh cànan. Dh'ainmich am Bòrd ceithir bun-raointean a thaobh lìbhrigeadh sheirbheisean a tha iad airson 's gun cuir buidhnean phoblach aghaidh riutha agus iad ag ullachadh Phlanaichean Gàidhlig.

Dearbh-aithne: dearbh-aithne
chorporra
soighnichean

Conaltradh: ionad-fàilte
fòn
post is post-d
foirmean
coinneamhan poblach
modh chasaidean

Foillseachadh: caidreamh poblach is
na meadhanan
stuth clò-bhuailte
làraichean-lìn
taisbeanaidhean

Luchd-obrach: trèanadh
togail cànan
fastachd
sanasachd

Cuiridh an earrann seo den Phlana an cèill gu mionaideach dealasan ÙPNMR far am buin seo ri Treòr a' Bhùird air Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

Tha gach gnìomh a rèir gach structair a leanas:

1. Fiosrachadh air cleachdadh làithreach
2. Prìomh raointean leasachaidh
3. Targaidean
4. Sgèile-tìme
5. Prìomh Stiùireadh

Nòta: Air feadh gach bun-dealas, buinidh prionnsapal meas co-ionann do Ghàidhlig 's do Bheurla ris a' chùis.

Cur-an-Gnìomh Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba agus Frèama Nàiseanta a' Choileanaidh

Tha ÙPNMR fo dhealas gun coileanar na h-amasan is Frèama a' Choileanaidh a chaidh a chur air bhonn aig Riaghaltas na h-Alba. Ainmichidh sinn na h-amasan ro-innleachdail a bhios air an cuideachadh leis a' Phlana Ghàidhlig againn agus iad seo a chur fo gach gnìomh, le àireamh a bhuineas ris an amas ro-innleachdail iomchaidh.

Amasan Ro-innleachdail

1. Nas Saidhbhre is Nas Cothromaiche
2. Nas Sgiobalta
3. Nas Fhallaine
4. Nas Sàbhailte is Nas Làidire
5. Nas fheàrr a thaobh na h-Àrainneachd (Nas 'Uaine')

Toraidhean a thaobh Frèama Coileanaidh Nàiseanta an Riaghaltais

1. Tha sinn nar còmhnaidh ann an Alba, an dùthaich as tarraingiche a thaobh malairt is eile a dhèanamh leis an Roinn Eòrpa.
2. Aithnichidh sinn ar làn-chomasan eaconamach le tuilleadh chothroman-obrach as fheàrr do ar daoine.
3. Tha sinn nas fhoghlaimichte, nas sgileil agus nas soirbheachail, agus cliù oirnn air sgàth ar n-obair rannsachaidh agus ar n-ùr-ghnàthachaidh.
4. Tha ar n-òigridh soirbheachail a thaobh foghlaim, misneachail mar dhaoine, math air cur ri beatha is eile agus earbsach cùramach mar dhaoine.
5. 'S ann aig ar pàistean a tha an toiseach-toiseachaidh as fheàrr 's iad ullamh a bhith soirbheachail.

6. Tha sinn a' tighinn beò nas fhaide is nas fhallaine.
7. Tha sinn air a dhol an gleac ris na cùisean as motha a thaobh neo-ionannachd ann an comann-dhaoine na h-Alba.
8. Chuir sinn cothroman-beatha am feabhas do phàistean, do dhaoine òga agus do theaghlachan a tha fo chunnart.
9. Tha sinn beò gu sàbhailte o eucoir, o mhì-rian is o chunnart.
10. Tha sinn nar còmhnaidh ann an ionadan deagh-dhealbhte is seasmhach far a bheil cothrom againn air na goireasan is na seirbheisean a tha a dhìth oirnn.
11. Tha coimhearsnachdan làidir tapaidh taiceil againn far an gabh daoine orra fhèin uallach na nì iad, agus a thuigeas a' bhuidhe sin air càch.
12. Cuiridh sinn luach nar n-àrainneachd, an dà chuid nàdarra agus togte, agus nì sinn a dìon agus cuiridh sinn rithe air sgàth nan ginealach ri teachd.
13. Tha sinn pròiseal às ar dearbh-aithne nàiseanta, a tha làidir cothromach agus nach cuir casg no bacadh air càch air dòigh sam bith.
14. Bidh sinn a' lughdachadh na buaidhe a th' aig na chaitheas is na chuireas sinn a-mach gu h-ionadail agus air feadh na cruinne.
15. Tha e an comas ar daoine a bhith neo-eisimeileach 's iad a' dol suas ann am bliadhnaichean agus a bhith a' faighinn taic iomchaidh nuair a bhios iad feumach oirre.
16. Tha ar seirbheisean poblach aig àrd-ìre, a' sìor-dhol am feabhas, èifeachdach agus iomchaidh a rèir feumalachdan dhaoine ionadaile.

Earrann I – Dearbh-aithne

Adhbhar

Tha gum bi Gàidhlig ri fhaicinn ann an dearbh-aithne chorpóra agus ann an soighnichean aig buidheann phoblach gu mòr a' cur ri follaiseachd is inbhe a' chànain agus ag ràdh rudeigin cudromach mun luach a chuirear oirre agus mar a bhithear a' toirt aitheantais dhi. Cuideachd, faodaidh leasachadh cleachdadh na Gàidhlig tro shoighnichean cur ri saidhbheas briathrachas luchd-labhairt, aire a' mhòir-shluaigh a tharraing don chànan agus cur ri mar a leasaichear i.

Tuigidh ÙPNMR cho cudromach is a tha e gun toirear tuilleadh follaiseachd don Ghàidhlig agus gun tèid a h-inbhe am meud

Obair leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharraidhean Coileanaidh	Prìomh Stiùireadh	Sgèile-Time
Dearbh-aithne Chorporra					
Cleachdadh Làithreach	<p>Suaicheantas ÙPNMR – tha leagan Gàidhlig againn de shuaicheantas corporra ÙPNMR cho math ri treòr air mar a chleachdar e. Tha e air ar làrach-lìn, bileagan-tainge, cairtean gnìomhachais agus nar foillseachaidhean.</p> <p>Suaicheantas Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh - tha an t-suaicheantas a chaidh aontachadh airson na Pàirce Nàiseanta anns a' Bheurla ach chaidh ullachadh a dhèanamh a chor is gun cleachdar Gàidhlig air bhonn chàsan àraid far a bheil seo iomchaidh is cothromach a rèir luchd-tadhail. Tha aon leagan de shuaicheantas “teaghlaich” Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh ann a chuireas feum air Gàidhlig.</p>				
Prìomh Raointean leasachaidh	Treòr mun t-suaicheantas a chur a-mach gu h-às ùr cho math ri trèanadh far is iomchaidh seo/far an iarrar e, don luchd-obrach uile	Treòr a chur a-mach	Comas a bhith aig luchd-obrach air leagan Gàidhlig den t-suaicheantas a chleachdadh gun chomhairle/chuideachadh	Sgioba Conaltraidh	Fad 's a mhaireas am Plana
	Suaicheantas dà-chànanach na buidhne a leasachadh 's a chleachdadh	Suaicheantas dà-chànanach leasaichte a chur air dòigh	Cur ri follaiseachd na Gàidhlig	Sgioba Conaltraidh	mu 2013
	Nì sinn obair le com-pàirtichean gus cleachdadh na Gàidhlig san t-suaicheantas a bhrosnachadh	Leagan Gàidhlig den t-suaicheantas a bhith air a chleachdadh	Cur ri na chleachdar de Ghàidhlig ann an cothroman a thaobh an t-suaicheantais	Sgioba Leasachadh Dùthchail Seasmhach	Fad 's a mhaireas am Plana
Amasan is Toraidhean Ro-innleachdail a gheibh taic		Amasan 1, 2 Toraidhean 7, 11, 12, 13, 15			

Obair leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharraidhean Coileanaidh	Prìomh Stiùireadh	Sgèile-Tìme
Soighnichean (a-staigh is a-muigh)					
Cleachdadh Làithreach	Chan eil treòr ri fhaotainn an ceartuair mu chleachdadh na Gàidhlig air soighnichean				
Prìomh Raointean leasachaidh	Thèid soighnichean a tha fo uallach ÙPNMR a dhèanamh dà-chànanach air bhonn ùrachaidh	Treòr gu bhith air a chur a-mach 's a thoirt do luchd-obrach	Treòr a bhith cuirte a-mach agus tuilleadh follaiseachd de Ghàidhlig ann an oifisean ÙPNMR	Seirbheisean Corporra	Fad 's a mhaireas am Plana
Amasan is Toraidhean Ro-innleachdail a gheibh taic		Amasan 1, 2 Toraidhean 7, 11, 12, 13, 15			

Earrann 2 – Conaltradh

Adhbhar

Tha cleachdadh na Gàidhlig, aig ciad ìre chonaltraidh eadar am mòr-shluagh agus ùghdarras poblach, a' meudachadh na chìthear is na chluinnear den chànan, agus cuiridh seo ris an fhaireachdainn gu bheilear a' cur fàilte air cothrom is cleachdadh na Gàidhlig. A bharrachd air a bhith a' togail ìomhaigh a' chànan, tha seo cuideachd a' cruthachadh chothroman practaigeach gus a cleachdadh, agus a' brosnachadh dhaoine a' Ghàidhlig a chleachdadh ma thig orra dèiligeadh ris an ùghdarras phoblach sin a-rithist.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann a bhith a' dèanamh eadar-ghnìomhachd ris an ùghdarras tro phost is phost-d is air an fhòn cudromach ann a bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach gus an cànan a chleachdadh, agus ann a bhith a' cur ris an fhaireachdainn gu bheilear a' cur fàilte air cothrom is cleachdadh a' chànan. Faodaidh gu bheil Gàidhlig ann, ann an raon farsaing de chruthan dà-chànanach, no Gàidhlig a-mhàin, cur gu mor ri follaiseachd is inbhe a' chànan. Faodaidh ullachadh de dh'fhoirmean, de bhileagan-iarrtais is a leithid cuideachd a bhith cuideachail a thaobh a bhith a' leudachadh briathrachas na Gàidhlig cho math ri mothachadh luchd-labhairt don leithid sin de bhriathrachas, uime sin a' cur ri leasachadh a' chànan fhèin.

Aithnichidh ÙPNMR cho cudromach is a tha e gun cruthaichear cothroman practaigeach Gàidhlig a chleachdadh ann an raon farsaing de shuidheachaidhean àbhaisteach, agus tha sinn fo dhealas gum meudaichear ìre a solarachaidh san raon seo.

Obair leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharraidhean Coileanaidh	Prìomh Stiùireadh	Sgèile-Time
Ionad-fàilte					
Cleachdadh Làithreach	Chaidh trèanadh ann am Mothachadh na Gàidhlig a ruith don luchd-obrach is do bhuill a' bhùird, a' gabhail a-steach luchd-obrach nan ionadan-fàilte. Chan eil treòr ri fhaotainn an ceartuair mu mar a dhèiligear ri ceistean is eile sa Ghàidhlig.				
Prìomh Raointean leasachaidh	Leasaichidh sinn treòr do luchd-obrach nan ionadan-fàilte mu mar a dhèiligear ri ceistean is eile o luchd-cleachdaidh na Gàidhlig	Treòr a chur a-mach do luchd-obrach nan ionadan-fàilte	1. Na dèantar de cheistean is eile sa Ghàidhlig a sgrùdadh is a chlàradh 2. Luchd-obrach a bhith comasach air dèiligeadh ri ceistean sa Ghàidhlig	Sgioba Conaltraidh	Ògmhios 2013
	Leabhar-acmhainn Gàidhlig a leasachadh don luchd-obrach	Leabhar-acmhainn Gàidhlig a bhith ri fhaotainn don luchd-obrach agus air ar làrach-lìn	1. Cleachdadh leabhar-acmhainn na Gàidhlig a sgrùdadh is a chlàradh 2. Luchd-obrach a bhith comasach air dèiligeadh ri ceistean sa Ghàidhlig	Sgioba Conaltraidh	Ògmhios 2013
	Cuiridh sinn air adhart gu gnìomhach follaiseach ar dealas gun dèilig sinn ri ceistean o luchd-cleachdaidh na Gàidhlig	Ar mionn air ar làrach-lìn, foirmean agus nar n-oifisean	Ar mionn a bhith soilleir follaiseach air ar làrach-lìn, foirmean agus nar n-oifisean	Sgioba Conaltraidh agus Seirbheisean Corporra	Fad 's a mhaireas am Plana
Amasan is Toraidhean Ro-innleachdail a gheibh taic		Amasan 1, 2 Toraidhean 7, 11, 12, 15			

Obair leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharraidhean Coileanaidh	Prìomh Stiùireadh	Sgèile-Time
Fòn					
Cleachdadh Làithreach	Chan eil treòr ann an ceartuair air dèiligeadh ri glaothan-fòin sa Ghàidhlig.				
Prìomh Raointean	Cuiridh sinn air dòigh treòr don luchd-obrach mu mar a dhèiligear ri glaothan-fòin sa Ghàidhlig	Treòr a chur a-mach don luchd-obrach	Sgrùdadh is clàradh a dhèanamh air na gheibhear de ghlaodhan-fòin sa Ghàidhlig	Sgioba Conaltraidh	Ògmhios 2013
	Leabhar-acmhainn Gàidhlig a bhith air a leasachadh don luchd-obrach	Leabhar-acmhainn Gàidhlig a bhith ri fhaotainn don luchd-obrach agus air ar làrach-lìn	1. Sgrùdadh is clàradh a dhèanamh air cleachdadh leabhar-acmhainn na Gàidhlig 2. Luchd-obrach a tha comasach air dèiligeadh ri ceistean sa Ghàidhlig	Sgioba Conaltraidh	Ògmhios 2013
	Cuiridh sinn air adhart gu gnìomhach follaiseach ar dealas dèiligeadh ri ceistean o luchd-cleachdaidh na Gàidhlig	Ar mionn air ar làrach-lìn, foirmean agus nar n-oifisean	Ar mionn a bhith soilleir follaiseach air ar làrach-lìn, foirmean is nar n-oifisean	Sgioba Conaltraidh agus Seirbheisean Corporra	Fad 's a mhaireas am Plana
Amasan is Toraidhean Ro-innleachdail a gheibh taic		Amasan 1, 2 Toraidhean 7, 11, 12, 15			

Obair leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharraidhean Coileanaidh	Prìomh Stiùireadh	Sgèile-Time
Post agus Post-d					
Cleachdadh Làithreach	Cleachdar suaicheantas dà-chànanach air bàrr litrichean.				
Prìomh Raointean leasachaidh	Leasaichidh sinn treòr don luchd-obrach mu mar a dhèiligear ri litrichean is puist-d sa Ghàidhlig	Cuiridh sinn a-mach treòr do luchd-obrach nan ionadan-fàilte	Àireamh de phostan-d/litrichean sa Ghàidhlig a sgrùdadh	Sgioba Conaltraidh	Ògmhios 2013
	Gach litir no post-d sa Ghàidhlig a bhith air an cur gu ball den luchd-obrach agus/no gu seirbheis eadar-theangachaidh earbsach airson freagairt	1. A chur air adhart gu bheil sinn deiseil is deònach conaltradh a dhèanamh sa Ghàidhlig, an dà chuid ceist is freagairt 2. Cùnnradh le seirbheis eadar-theangachaidh earbsach	Àireamh nam post-d/litrichean a gheibhear sa Ghàidhlig a sgrùdadh	Sgioba Conaltraidh	Fad 's a mhaireas am Plana
	Feuchaidh sinn ri dèanamh cinnteach gun tèid gach litir is post-d sa Ghàidhlig a fhreagairt a rèir ar n-ìrean àbhaisteach	1. Treòr cuirte a-mach don luchd-obrach 2. Litrichean is puist-d a bhith air am freagairt taobh a-staigh ar n-ìrean àbhaisteach	1. Àm-freagairt a sgrùdadh 2. Àm-freagairt a chur air adhart air ar làrach-lìn 's m.s.a.a.	Seirbheisean Corporra	Fad 's a mhaireas am Plana
	Cuiridh sinn air dòigh treòr is eadar-theangachadh don luchd-obrach sin a tha ag iarraidh Gàidhlig a chleachdadh sna puist-d is sna litrichean aca	1. Treòr a chur air dòigh don luchd-obrach 2. Cùnnradh le seirbheis eadar-theangachaidh earbsach	Àireamh puist-d/litrichean sa Ghàidhlig a sgrùdadh	Sgioba Conaltraidh	Fad 's a mhaireas am Plana
	Cumaidh sinn oirnn le tiotailean-litreach sa Ghàidhlig is sa Bheurla	A' dol air adhart			Fad 's a mhaireas am Plana
Amasan is Toraidhean Ro-innleachdail a gheibh taic	Amasan 1, 2 Toraidhean 7, 11, 12, 15				

Obair leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharraidhean Coileanaidh	Prìomh Stiùireadh	Sgèile-Time
Foirmean					
Cleachdadh Làithreach	Chan eil treòr ri fhaotainn an ceartuair mu mar a chleachdar Gàidhlig ann am foirmean.				
Prìomh Raointean leasachaidh	Leasaichidh sinn treòr don luchd-obrach mu mar a dhèiligear ri foirmean o luchd-cleachdaidh na Gàidhlig	Treòr a chur a-mach don luchd-obrach	Àireamh nam foirmean Gàidhlig a sgrùdadh 's a chlàradh	Sgioba Conaltraidh	Ògmhios 2013
	Cuiridh sinn air adhart gu gnìomhach follaiseach ar dealas a thaobh gabhail ri foirmean anns a' Ghàidhlig	Ar mionn air iarrtasan obrach, tabhartasan-airgid agus trèanaidh, air ar làrach-lìn agus nar n-oifisean	Ar mionn a bhith soilleir follaiseach air foirmean 's air ar làrach-lìn	Sgioba Conaltraidh agus Seirbheisean Corporra	Fad 's a mhaireas am Plana
	Gabhaidh sinn ri gach foirm sa Ghàidhlig agus nì sinn freagairt sa Ghàidhlig le cobhair seirbheis eadar-theangachaidh	1. Treòr a chur a-mach don luchd-obrach 2. Cùnnradh le seirbheis eadar-theangachaidh earbsach	Àireamh nam foirmean a sgrùdadh 's a chlàradh	Sgioba Conaltraidh	Fad 's a mhaireas am Plana
	Feuchaidh sinn ri dèanamh cinnteach gun tèid gach foirm sa Ghàidhlig a fhreagairt a rèir ar n-ìrean àbhaisteach	1. Treòr cuirte a-mach don luchd-obrach 2. Foirmean a bhith air am freagairt a rèir ar n-ìrean àbhaisteach	1. Àm-freagairt a sgrùdadh 2. Àm-freagairt cuirte air adhart air ar làrach-lìn is m.s.a.a.	Seirbheisean Corporra	Fad 's a mhaireas am Plana
Amasan is Toraidhean Ro-innleachdail a gheibh taic		Amasan 1, 2 Toraidhean 7, 11, 12, 15			

Obair leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharraidhean Coileanaidh	Prìomh Stiùireadh	Sgèile-Time
Coinneamhan Poblach					
Cleachdadh Làithreach	Chan eil poileasaidh ann an ceartuir.				
Prìomh Raointean leasachaidh	Neach-labhairt Gàidhlig/ seirbheis eadar-theangachaidh sa bhad ri bhith ri fhaotainn aig coinneamhan far an deachaidh seo iarraidh le buidhnean eile, luchd-cur-air-dòigh, daoine den mhòr-shluagh, agus far an deachaidh rabhadh iomchaidh ro-làimh a thoirt seachad (ri linn 20 latha-obrach)	Seo a thoirt a-steach air bhonn deuchainne agus mar a shoirbhicheas leis a mheasadh fa chomhair 2013	Soirbheas a sgrùdadh	Seirbheisean Corporra	2013
	Cuiridh sinn an t-seirbheis eadar-theangachaidh air adhart gu gnìomhach follaiseach	Ar mionn air ar làrach-lìn, foirmean is nar n-oifisean	Ar mionn a bhith soilleir follaiseach air ar làrach-lìn, foirmean is nar n-oifisean	Sgioba Conalaidh is Seirbheisean Corporra	2013
Amasan is Toraidhean Ro-innleachdail a gheibh taic		Amasan 1, 2 Toraidhean 7, 11, 12, 15			

Obair leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharraidhean Coileanaidh	Prìomh Stiùireadh	Sgèile-Time
Modh Chasaidean					
Cleachdadh Làithreach	Chan eil treòr ann an ceartuir.				
Prìomh Raointean leasachaidh	Leasaichidh sinn treòr don luchd-obrach mu mar a dhèiligear ri casaidean sa Ghàidhlig	Treòr a chur a-mach don luchd-obrach	Àireamh postan-d/litrichean sa Ghàidhlig a sgrùdadh	Sgioba Conaltraidh	Ògmhios 2013
	Cuiridh sinn air adhart gu gnìomhach follaiseach ar dealas gabhail ri casaidean sa Ghàidhlig	Ar mionn air ar làrach-lìn, foirmean is nar n-oifisean	1. Ar mionn a bhith soilleir follaiseach air ar làrach-lìn, foirmean is nar n-oifisean 2. Modhan àbhaisteach air casaidean a sgrùdadh	Sgioba Conaltraidh	Fad 's a mhaireas am Plana
	Feuchaidh sinn ri dèanamh cinnteach gun tèid gach foirm a gheibhear sa Ghàidhlig a fhreagairt a rèir ar n-ìrean àbhaisteach	1. Treòr cuirte a-mach don luchd-obrach 2. Casaidean air am freagairt taobh a-staigh ar n-ìrean àbhaisteach	1. Àm-freagairt a sgrùdadh 2. Àm-freagairt a chur air adhart air ar làrach-lìn is m.s.a.a.	Seirbheisean Corporra	Fad 's a mhaireas am Plana
Amasan is Toraidhean Ro-innleachdail a gheibh taic		Amasan 1, 2 Toraidhean 7, 11, 12, 15			

Earrann 3 – Foillseachaidhean

Adhbhar

Faodaidh raon farsaing de dh'fhoillseachaidhean Gàidhlig cuideachadh le leasachadh Gàidhlig ann an grunn dhòighean. Nì e an cànan nas fhollaisiche, cuiridh e ri inbhe na Gàidhlig gu bheilear ga cleachdadh ann am foillseachaidhean àrd-ìomhaigh agus cuidichidh e ann a bhith a' leasachadh briathrachais ùir 's a' cur ris na th' ann mu-thrath. Tha cleachdadh na Gàidhlig sna meadhanan a' cuideachadh ann a bhith a' sealltainn dealas ùghdarras phoblaich a thaobh fiosrachadh cudromach a bhith ri fhaotainn tro mheadhan na Gàidhlig, cho math ri cur ri follaiseachd is inbhe a' chànain. Mar a bhios tuilleadh dhaoine a' sireadh fiosrachaidh mu ùghdarrasan phoblach tro na làraichean-lìn aca, faodaidh ullachadh cothrom air cleachdadh na Gàidhlig cur gu mòr ri inbhe is follaiseachd a' chànain.

Tha ÙPNMR fo dhealas gum meudaichear cleachdadh na Gàidhlig sna raointean sin far a bheil an cuspair mar ùidh aig a' mhòr-shluagh san fharsaingeachd no far am buin sin ri ceistean sònraichte Gàidhlig.

Obair leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharraidhean Coileanaidh	Prìomh Stiùireadh	Sgèile-Time
Caidreamh Poblach agus Na Meadhanan					
Cleachdadh Làithreach	Chan eil treòr ri fhaotainn an ceartuir.				
Prìomh Raointean leasachaidh	Bidh sinn gnìomhach follaiseach a thaobh mar a dh'obraicheas sinn ri BBC Alba agus ri seanailean is meadhanan Gàidhlig eile	Naidheachdan a bhiodh mar ùidh aig na meadhanan Gàidhlig ainmeachadh agus a chur air adhart	Barrachd Gàidhlig sna meadhanan	Sgioba Conaltraidh	Fad 's a mhaireas am Plana
	Cuiridh sinn air dòigh eadar-theangachadh Gàidhlig air bun-dleastanasan ÙPNMR ann an 'Nòtaichean do Luchd-deasachaidh'	Teacs a chur ri chèile airson a chur chun nam meadhanan	Barrachd Gàidhlig sna meadhanan	Sgioba Conaltraidh	Ògmhios 2013
	Far an gabh a dhèanamh, cuiridh sinn neach-labhairt Gàidhlig air dòigh	Liosta aontaichte de luchd-labhairt Gàidhlig	Barrachd Gàidhlig sna meadhanan	Sgioba Conaltraidh	Fad 's a mhaireas am Plana
Amasan is Toraidhean Ro-innleachdail a gheibh taic		Amasan 1, 2 Toraidhean 7, 11, 12, 13, 15			

Obair leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharraidhean Coileanaidh	Prìomh Stiùireadh	Sgèile-Time
Stuth Clò-bhuailte: Sgrìobhainnean poileasaidh agus reachdail.					
Cleachdadh Làithreach	Tha facal-toisich Gàidhlig anns a h-uile sgrìobhainn poileasaidh is reachdail.				
Prìomh Raointean leasachaidh	Cumaidh sinn oirnn a' toirt seachad faclan-toisich nar sgrìobhainnean poileasaidh is teachdail	A' dol air adhart		Sgioba Conaltraidh	Fad 's a mhaireas am Plana
	Meudaichidh sinn cleachdadh na Gàidhlig nar foillseachaidhean	1. Foillseachaidhean ainmeachadh a chumas taic ri susbaint Ghàidhlig 2. Seirbheis aithnichte eadar-theangachaidh a bhith an-sàs	Barrachd Gàidhlig	Sgioba Conaltraidh	Fad 's a mhaireas am Plana
Amasan is Toraidhean Ro-innleachdail a gheibh taic		Amasan 1, 2 Toraidhean 7, 11, 12, 13, 15			

Obair leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharraidhean Coileanaidh	Prìomh Stiùireadh	Sgèile-Time
Stuth Clò-bhuailte: Foillseachaidhean do Luchd-Tadhail					
Cleachdadh Làithreach	Bidh sinn a' cur a-mach Ainmean-Àite a' Mhonaidh Ruaidh, foillseachadh do luchd-tadhail a chomharraicheas ainmean-àite Gàidhlig na Pàirce.				
Prìomh Raointean leasachaidh	Cuiridh sinn a-mach treòr don luchd-obrach mu mar a bheirear eileamaidean Gàidhlig (ainmean, faclan fàilte agus tiotailean beaga dà-chànanach) a-steach gu foillseachaidhean	Treòr a chur a-mach	Tuilleadh stuth clò-bhuailte	Sgioba Conaltraidh	Sultainn 2013
	Leasaichidh sinn siostam-obrach cuide ri ar com-pàirtichean a chor is gun cleachdar Gàidhlig ann am foillseachaidhean com-pàirteach	Siostam-obrach a leasachadh	Barrachd Gàidhlig ann an stuth clò-bhuailte	Sgioba Conaltraidh	Fad 's a mhaireas am Plana
Amasan is Toraidhean Ro-innleachdail a gheibh taic		Amasan 1, 2 Toraidhean 7, 11, 12, 13, 15			

Obair leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharraidhean Coileanaidh	Prìomh Stiùireadh	Sgèile-Time
Làraichean-lìn					
Cleachdadh Làithreach	Chan eil treòr ri fhaotainn an ceartuair mu chleachdadh na Gàidhlig air làrach-lìn ÙPNMR no air inneal-inntrigidh na Pàirce, ach tha an t-suaicheantas corporra dà-chànanach ri fhaicinn gu soilleir air ar làrach-lìn.				
Prìomh Raointean leasachaidh	Cuiridh sinn a-mach poileasaidh don luchd-obrach a thaobh Gàidhlig air an làrach-lìn	Poileasaidh eadar-lìn a chur a-mach	1. Poileasaidh eadar-lìn a bhith an-sàs 2. Barrachd cleachdaidh is follaiseachd de Ghàidhlig air an làrach-lìn	Sgioba Conaltraidh	Sultainn 2013
	Bheir sinn susbaint Ghàidhlig agus duilleagan a-steach gu làrach-lìn ÙPNMR	Susbaint a chumail suas	Barrachd cleachdaidh is follaiseachd de Ghàidhlig air an làrach-lìn	Sgioba Conaltraidh	Fad 's a mhaireas am Plana
	Bidh an dreachd Phlana Gàidhlig agus am Plana aontaichte air an làrach-lìn	Susbaint a chumail suas		Sgioba Conaltraidh	Fad 's a mhaireas am Plana
	Leasaichidh sinn siostam-obrach le com-pàirtichean a thaobh cleachdadh na Gàidhlig air inneal-inntrigidh na Pàirce	1. Treòr ri bhith cuirte a-mach 2. Susbaint a chumail suas	Barrachd cleachdaidh is follaiseachd de Ghàidhlig air inneal-inntrigidh na Pàirce	Sgioba Conaltraidh	Fad 's a mhaireas am Plana
Amasan is Toraidhean Ro-innleachdail a gheibh taic	Amasan 1, 2 Toraidhean 7, 11, 12, 13, 15				

Obair leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharraidhean Coileanaidh	Prìomh Stiùireadh	Sgèile-Time
Taisbeanaidhean					
Cleachdadh Làithreach	Chan eil treòr ann an ceartuair:				
Prìomh Raointean leasachaidh	Ainmichidh sinn tachartasan far an cleachd sinn stuth dà-chànanach	1. Liosta aontaichte a bhith an-sàs 2. Tachartasan a th' air am frithealadh	Barrachd cleachdaidh is mothachaidh de Ghàidhlig	Sgioba Conaltraidh	Fad 's a mhaireas am Plana
	Cuiridh sinn a-mach treòr a thaobh cleachdadh na Gàidhlig aig tachartasan	Treòr a chur a-mach	Gàidhlig a bhith mar phàirt de stuthan dealbhaidh a chleachdar aig taisbeanaidhean/ tachartasan	Sgioba Conaltraidh	Ògmhios 2013
	Cumaidh sinn oirn le ceangal ri ar com-pàirtichean ann an Seirbheisean Àrainneachd is Dùthchail na h-Alba (SÀDA) agus sinn a' frithealadh taisbeanaidhean/thachartasan nàiseanta, agus co-obrachadh a leasachadh a thaobh lìbhrigeadh na Gàidhlig		Barrachd cleachdaidh de dh'eadar-mhìneachadh na Gàidhlig aig na taisbeanaidhean a fhrithealar	Sgioba Conaltraidh	Fad 's a mhaireas am Plana
	Leasaichidh sinn stuthan airson thachartasan	Stuthan a chur a-mach	Adhartachadh na Gàidhlig agus stuthan aig tachartasan ionadaile is nàiseanta far am bi seo a' cur gu h-èifeachdach ri amasan a' Phlana	Sgioba Conaltraidh	Fad 's a mhaireas am Plana
Amasan is Toraidhean Ro-innleachdail a gheibh taic		Amasan 1, 2 Toraidhean 7, 11, 12, 13, 15			

Earrann 4 – Luchd-obrach

Adhbhar

Gus seirbheisean a lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig, tha e riatanach sgilean iomchaidh obrach is cànanan an luchd-obrach a leasachadh. Tha gum bithear a' cur ionnsachadh Gàidhlig air dòigh don luchd-obrach a' cuideachadh ann a bhith ag adhartachadh ionnsachadh do dh'inbich cho math ri Gàidhlig a chur air adhart mar sgil feumail san ionad-obrach. Ann a bhith ag ainmeachadh obraichean far a bheil Gàidhlig mar sgil sònraichte, thèid cur gu mòr ri inbhe a' chànanan agus ri bhith ga h-ainmeachadh mar sgil as t-fhiach a thogail.

Tha gum bithear a' cleachdadh Gàidhlig ann an sanasachd cuideachd cuideachail a thaobh a bhith ag aithneachadh gum bu chòir Gàidhlig a bhith air a cleachdadh ann am beatha a' mhòir-shluaigh agus gu bheil ròl cudromach aig luchd-cleachdaidh Gàidhlig taobh a-staigh de dh'ùghdarras poblach. Ge bith dè an ìre de sgilean a tha riatanach, tha e cudromach gun dèan ùghdarrasan cinnteach gu bheil Gàidhlig dà-ribh riatanach a thaobh na h-obrach. Bu chòir do dh'ùghdarrasan gabhail ri slatan-tomhais beachdail 's iad sin a chur an-sàs sa chùis a chor is gun cuirear daoine an dreuchd air dòigh chothromach leantainneach, a rèir nan sgilean a chaidh ainmeachadh airson na h-obrach.

Aithnichidh ÙPNMR cho cudromach is a tha e gum faicear Gàidhlig mar sgil-obrach cudromach agus gun ainmichear suidheachaidhean far a bheil cleachdadh na Gàidhlig deatamach no gum bu mhath sin a bhith ann. Cuideachd, tha ÙPNMR ag aithneachadh gu bheil e cudromach gun tèid cur an comas luchd-obrach an cuid sgilean Gàidhlig a leasachadh ma tha iad ag iarraidh sin a dhèanamh.

Obair leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharraidhean Coileanaidh	Prìomh Stiùireadh	Sgèile-Time
Trèanadh					
Cleachdadh Làithreach	Bidh ÙPNMR a' maoinachadh cùrsaichean mothachaidh is cànan don luchd-obrach.				
Prìomh Raointean leasachaidh	Cumaidh sinn oirnn prògram de thrèanadh Gàidhlig a sholarachadh don luchd-obrach a th' ann an-dràsta, do dh'fheadhainn ùra agus do bhuill a' bhùird	Luchd-obrach is buill bùird gus trèanadh Gàidhlig a fhrithealadh	Sgrùdadh sgilean	Seirbheisean Corporra	Fad 's a mhaireas am Plana
	Bheir sinn fiosrachadh don luchd-obrach mu na tha ri fhaotainn de chùrsaichean Gàidhlig	Cur-air-adhart trèanaidh air an eadrlion, aig coinneamhan luchd-obrach agus air bùird-fiosrachaidh taobh a-staigh	Iarrtas air cùrsaichean agus mar a fhrithealar iad a chlàradh	Seirbheisean Corporra	Fad 's a mhaireas am Plana
	Bheir sinn brosnachadh is taic don luchd-obrach an cuid sgilean Gàidhlig a leasachadh tro thuilleadh trèanaidh	Cothroman trèanaidh is maoinachaidh a sholarachadh	Sgrùdadh sgilean	Seirbheisean Corporra	Fad 's a mhaireas am Plana
Amasan is Toraidhean Ro-innleachdail a gheibh taic		Amasan 1, 2 Toraidhean 7, 11, 12, 13, 15			

Obair leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharraidhean Coileanaidh	Prìomh Stiùireadh	Sgèile-Time
Togail Cànan					
Cleachdadh Làithreach	Tha ÙPNMR air cùrsaichean Gàidhlig do luchd-obrach a mhaoineachadh.				
Prìomh Raointean leasachaidh	Nì sinn sgrùdadh gus faighinn a-mach dè comas Gàidhlig ar luchd-obrach agus buill ar bùird taobh a-staigh de chiad bhliadhna a' Phlana, agus gabhaidh sinn os làimh am fiosrachadh seo ùrachadh gu cunbhalach	Fiosrachadh bun-tomhaiseil a bhith ri fhaotainn a thaobh sgilean luchd-obrach is buill a' bhùird	1. Meudachadh ann an sgilean/eòlas Gàidhlig 2. Sgrùdadh sgilean	Seirbheisean Corporra	Fad 's a mhaireas am Plana
	Bheir sinn fiosrachadh don luchd-obrach mu na tha ri fhaotainn de chùrsaichean Gàidhlig	Cur-air-adhart trèanaidh air an eadra-lìon, aig coinneamhan luchd-obrach is air bùird-fiosrachaidh taobh a-staigh	Cur-air-adhart trèanaidh air an eadra-lìon, aig coinneamhan luchd-obrach is air bùird-fiosrachaidh taobh a-staigh	Iarrtas is frithealadh air cùrsaichean a sgrùdadh is a chlàradh	Seirbheisean Corporra
Amasan is Toraidhean Ro-innleachdail a gheibh taic		Amasan 1, 2 Toraidhean 7, 11, 12, 15			

Obair leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharraidhean Coileanaidh	Prìomh Stiùireadh	Sgèile-Time
Fastachd					
Cleachdadh Làithreach	Ma tha comas labhairt no sgrìobhaidh sa Ghàidhlig mar riatanas dà-rìribh san dreuchd, thèid aire cheart a thoirt air a' chomas sin.				
Prìomh Raointean leasachaidh	Gabhail ri poileasaidh fastachd a dh'aithnicheas Gàidhlig mar dheagh rud san obair far an cuir seo gu h-èifeachdach ri amasan a' Phlana agus far am bi e mar sgil riatanach ann an cuid de dh'obraichean iomchaidh	Treòr a thaobh fastachd a chur a-mach a dh'ainmicheas Gàidhlig mar dheagh rud san obair far an cuir seo gu h-èifeachdach ri amasan a' Phlana	1. Poileasaidh fastachd a bhith ri fhaotainn 2. Sgìlean Gàidhlig luchd-tagraidh a sgrùdadh	Seirbheisean Corporra	Ògmhios 2013
Amasan is Toraidhean Ro-innleachdail a gheibh taic		Amasan 1, 2 Toraidhean 7, 11, 12, 15			

Obair leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharraidhean Coileanaidh	Prìomh Stiùireadh	Sgèile-Time
Sanasachd					
Cleachdadh Làithreach	Chan eil treòr ri fhaotainn an ceartuair.				
Prìomh Raointean leasachaidh	Nì sinn sanasachd dà-chànanach airson dhreuchdan far a bheil Gàidhlig riatanach	Treòr ri bhith air a sgrìobhadh don luchd-obrach mu chleachdadh na Gàidhlig ann an sanasan-obrach	Àireamh nan sanasan-obrach a sgrùdadh	Seirbheisean Corporra	Fad 's a mhaireas am Plana
Amasan is Toraidhean Ro-innleachdail a gheibh taic		Amasan 1, 2 Toraidhean 7, 11, 12, 15			

Caibideal 3 – Builean poileasaidh don Ghàidhlig

Cur-an-gnìomh Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Builean poileasaidh don Ghàidhlig

Tha sinn ag aithneachadh gun tèid na prìomh raointean a chaidh ainmeachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur an gnìomh an toiseach tro ar Plana Gàidhlig ach gun nochd cothroman gus an cànan adhartachadh 's a leasachadh tro na ceuman poileasaidh a tha ann mu-thràth. Nì sinn sgrùdadh air na dealasan poileasaidh a tha an-sàs an-dràsta gus raointean ainmeachadh far an gabh Gàidhlig adhartachadh gu for-ghnìomhach agus far an gabh prìomh amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur air bhonn mar thùs tro dhòighean-obrach a bharrachd. Chì sinn an leasachadh seo mar rud a fhreagras prionnsapal a' chumantachaidh, prionnsapal a tha ag amas air Gàidhlig a bhith mar phàirt àbhaisteach de bheatha muinntir na h-Alba.

Ann a bhith a' cur ri chèile, ag ùrachadh agus a' sgrùdadh ar poileasaidhean, nì sinn cinnteach gum bi rud sam bith a bheir buaidh air a' Ghàidhlig a rèir Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

Sealladh Farsaing de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig

Ainmichidh Plana Nàiseanta na Gàidhlig ceithir gnèithean co-cheangailte de leasachadh cànan air am feumar aghaidh a chur, agus taobh a-staigh iad sin cuirear an cèill grunn phrìomh raointean-gnìomha.

1. Togail Cànan

A' meudachadh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig le bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid an cànan a thoirt seachad taobh a-staigh theaghlaichean, 's le bhith a' cruthachadh chothroman èifeachdach Gàidhlig ionnsachadh, tro bhith:

- A' meudachadh cleachdadh is toirt thairis na Gàidhlig anns an dachaigh;
- A' meudachadh àireamh nam pàistean a thogas Gàidhlig san sgoil;
- A' meudachadh na tha ri thogail is ri fhaotainn de dh'Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig;
- A' meudachadh àireamh luchd-ionnsachaidh inbheach na Gàidhlig a ruigeas fileantachd.

2. Cleachdadh Cànan

A' brosnachadh barrachd cleachdaidh de Ghàidhlig, a' solarachadh chothroman an cànan a chleachdadh, agus a' cur air adhart cothrom rudan a chur an cèill air dòighean Gàidhlig, tro bhith:

- A' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan;
- A' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig ann am foghlam treas-ìre agus ann an ionadan-obrach;
- A' meudachadh follaiseachd na Gàidhlig sna meadhanan;
- A' meudachadh adhartachadh na Gàidhlig sna h-ealain;
- A' meudachadh ìomhaigh na Gàidhlig anns na roinnean turasachd, dualchais is caitheamh-aimsire.

3. Inbhe Cànan

A' meudachadh follaiseachd is fuaim na Gàidhlig, a' cur ri h-aithneachadh agus a' cruthachadh deagh ìomhaigh do Ghàidhlig ann am beatha muinntir na h-Alba, tro bhith:

- A' meudachadh àireamh nam buidhnean a dh'ullaicheas Planaichean Gàidhlig;
- A' meudachadh ìomhaigh is inbhe na Gàidhlig;
- A' meudachadh follaiseachd is aithneachadh na Gàidhlig.

4. Corpas Cànan

A' neartachadh buinteanas is co-sheasmhachd na Gàidhlig agus a' cur air adhart rannsachadh air a' chànan, tro bhith:

- A' neartachadh buinteanas is co-sheasmhachd na Gàidhlig;
- A' meudachadh feabhas is ruigsinneachd eadar-theangachaidhean Gàidhlig;
- A' meudachadh na tha ri fhaotainn de dh'fhiosrachadh cruinn rannsachaidh.

Dealas a thaobh Amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha sinn fo dhealas dèanamh cinnteach gun tèid Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur an gnìomh, agus anns an earrann seo cuiridh sinn an cèill mar a bheir sinn an t-amas sin a-mach.

I. Togail Cànan

Adhbhar

Aithnichidh sinn gu bheil feum air barrachd dhaoine a dh'ionnsaicheas a' Ghàidhlig ma tha i gu bhith seasmhach leantainneach san tìde ri teachd, agus gum feumar aire a thoirt air an dachaigh, air foghlam agus air ionnsachadh do dh'inbhich mar na prìomh dhòighean air seo a thoirt a-mach. Gabhaidh sinn na ceuman a leanas gus cuideachadh ann a bhith a' cruthachadh àrainneachd thaiceil a chor is gum meudaich àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba.

- Meudaichidh ar dealas a thaobh cumail oirnn susbaint Ghàidhlig a chur air dòigh 's a mheudachadh nar foillseachaidhean 's air ar làrach-lìn cleachdadh na Gàidhlig, an dà chuid san dachaigh agus ann am foghlam le bhith a' cur an comas luchd-chleachdaidh is luchd-ionnsachaidh barrachd ghoireasan a ruigsinn.
- Nì sinn ùrachadh air ar bileig mu Ainmean-Àite, a tha ri fhaotainn don phoball agus a chumas taic ri mothachadh is ionnsachadh na Gàidhlig.
- Cumaidh sinn oirnn le ar dealas clasaichean is trèanadh Gàidhlig a chur air dòigh don luchd-obrach agus do bhuill ar bùird, rud a mheudaicheas àireamh nan inbheach a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig cho math ri ìre a cleachdaidh taobh a-staigh an ionad-obrach agus ann an coimhearsnachdan.

- d) Thairis air na bliadhnaichean a chaidh seachad tha sinn air grunn chùrsaichean Gàidhlig is cultarach is tachartasan a mhaoineachadh/a ruith don phoball agus cumaidh sinn oirnn leis an dealas seo.
- e) Nì sinn obair leis na com-pàirtichean uile againn gus cothroman Gàidhlig ionnsachadh a leasachadh nar pròiseactan.
- f) Cumaidh sinn oirnn a' cur air dòigh cothroman ionnsachaidh is trèanaidh don luchd-obrach is do bhuill a' bhùird cho math ri maoineachadh airson cùrsaichean ionnsachaidh agus tachartasan na Pàirce tron Phròiseact Trèanaidh ann an Stiùireadh Fearainn.

2. Cleachdadh Cànan

Adhbhar

Aithnichidh ÙPNMR gu bheil a bhith a' cruthachadh saoghal maireannach don Ghàidhlig feumach air, chan e a-mhàin meudachadh sna daoine le comas i a labhairt, ach cuideachd air meudachadh a thaobh a cleachdaidh san dà-rìribh. Aithnichidh sinn cho cudromach is a tha e cur an comas barrachd dhaoine Gàidhlig a chleachdadh mar an dòigh-chonaltraidh àbhaisteach as fheàrr leotha, agus sin ann an raointean beatha làitheil a tha a' sìor-fhàs nas fharsainghe.

- a) Bidh ar dealas trèanadh a thoirt seachad ann am Mothachadh na Gàidhlig agus sa Ghàidhlig fhèin mar chuideachadh don luchd-obrach, do bhuill a' bhùird agus don mhòr-shluagh an cuid sgìlean Gàidhlig a leasachadh agus cur ri cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan is san ionad-obrach.
- b) Bheir ar dealas gabhail ri, agus freagairt a thoirt air, stuthan no dòighean conaltraidh Gàidhlig tuilleadh chothroman do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig conaltradh a dhèanamh ri ÙPNMR sa Ghàidhlig, rud a chuireas ri cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan agus san ionad-obrach.
- c) Meudaichidh ar dealas sgìobhainnean dà-chànanach a sholarachadh agus susbaint Ghàidhlig a chur air ar làrach-lìn agus a chleachdadh ann am modhan-conaltraidh eile, far an cuir seo gu h-èifeachdach ri amasan a' Phlana agus far a bheil feum dà-rìribh, follaiseachd na Gàidhlig sna meadhanan.
- d) Meudaichidh ar dealas siostam-obrach a leasachadh a thaobh cleachdadh na Gàidhlig ann an suaicheantas na Pàirce agus air inneal-inntrigidh na Pàirce follaiseachd na Gàidhlig sna meadhanan.
- e) Meudaichidh ar cleachdadh leantainneach de shuaicheantas dà-chànanach ÙPNMR agus ar dealas siostam-obrach a leasachadh le com-pàirtichean a thaobh cleachdadh na Gàidhlig ann an suaicheantas, air làrach-lìn agus ann an inneal-inntrigidh na Pàirce follaiseachd na Gàidhlig ann an turasachd, dualchas is caitheamh-aimsire.
- f) Meudaichidh a bhith ag ùrachadh bileag nan Ainmean-Àite follaiseachd na Gàidhlig ann an turasachd, dualchas is caitheamh-aimsire.
- g) Neartaichidh ar dealas cumail oirnn le cùrsaichean Gàidhlig don luchd-obrach, do bhuill a' bhùird, do chom-pàirtichean agus don mhòr-shluagh Gàidhlig ann an coimhearsnachdan agus ann an turasachd, dualchas is caitheamh-aimsire.

- h) Cumaidh sinn oirn ag obair agus a' toirt cuideachaidh a thaobh maoineachaidh do thachartasan 's do chothroman Gàidhlig ann an coimhearsnachdan mun cuairt na Pàirce, nam measg, tron Phòiseact Trèanaidh Stiùireadh Fearainn, Fèis Spè, Fèisean a' Mhonaidh Ruaidh agus Gàidhlig anns a' Phàirc.
 - i) Meudaichidh ar dealas cumail oirn stuthan eadar-mhìneachaidh leis an t-suaicheantas Ghàidhlig orra a chur a-mach ìomhaigh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan agus ann an turasachd, dualchas is caitheamh-aimsire.
 - j) Bidh ar dealas obair a dhèanamh gu for-ghnìomhach le meadhanan na Gàidhlig agus a bhith a' solarachadh, far an gabh seo dèanamh, luchd-labhairt Gàidhlig, mar chuideachadh a thaobh Gàidhlig adhartachadh an dà chuid sa Phàirc agus ann an Alba, cho math ri taic a chumail ri meadhanan na Gàidhlig.
- b) Cruthaichidh sinn deagh ìomhaigh don Ghàidhlig le bhith a' cur a h-uile rud sa Phlana an gnìomh agus a' dèanamh cinnteach gu bheil na nì sinn co-ionann a thaobh feabhais ri rud sam bith a nì sinn sa Bheurla.
 - c) Meudaichidh sinn follaiseachd na Gàidhlig le bhith a' cumail oirn agus a' meudachadh cleachdadh a' chànain nar soighnichean, nar suaicheantas, air ar làrach-lìn agus nar foillseachaidhean.

4. Corpas Cànain

Adhbhar

Aithnichidh ÙPNMR gu bheil feum ann buinteanas is co-sheasmhachd na Gàidhlig a neartachadh, cho cudromach is a tha e gum bi seirbheisean eadar-theangachaidh ri fhaotainn agus a bhith a' brosnachadh rannsachadh air a' chànain.

- a) Bidh ùrachadh ar bileig Ghàidhlig agus a bhith a' cur treòr air dòigh don luchd-obrach a thaobh cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh a' neartachadh leasachaidhean a thaobh gnàthachas-litreachaidh, briathrachas is ainmean-àite na Gàidhlig.
- b) Ann a bhith a' leasachadh siostam-obrach leis na com-pàirtichean againn a thaobh cleachdadh na Gàidhlig ann an suaicheantas na Pàirce, thèid cur, cuideachd, ri leasachadh a thaobh gnàthas-litreachaidh, briathrachas is ainmean-àite na Gàidhlig.
- c) Cleachdaidh sinn eadar-theangairean earbsach gus ar cuideachadh le h-eadar-theangachaidhean air na seirbheisean againn.

3. Inbhe Cànain

Adhbhar

Aithnichidh ÙPNMR gu bheil inbhe cànain fo bhuidhe fhollaiseachd ann am beatha làitheil agus fo bhuidhe mar a bhios e air a chleachdadh, air a mheas agus air fhaicinn mar rud luachmhor am measg nam buidhnean sin aig a bheil ròl cho cudromach nar beatha làitheil.

- a) Tha ullachadh Plana Gàidhlig mar fhianais air ar dealas gun cuir sinn ri inbhe a' chànain agus air mar a bhios ÙPNMR a' cleachdadh, agus a' cur an comas dhaoine a cleachdadh, na Gàidhlig a thaobh dearbh-aithne chorporra, conaltraidh, stuthan foillsichte agus luchd-obrach.

Caibideal 4 – Cur-an-gnìomh is Sgrùdadh

Clàr-ama

Mairidh am Plana Gàidhlig seo gu foirmeil fad còig bliadhna on àm seo, air neo gus an tèid plana ùr a chur na àite. Ann an Caibideal 2 – Bun-dealasan agus Caibideal 3 – Builean poileasaidh don Ghàidhlig, chuir sinn an cèill gach àm is targaid air leth ris am bi dùil againn dleastanasan sònraichte a chur an gnìomh.

Foilseachadh a' Phlana

Thèid Plana Gàidhlig ÙPNMR fhoillseachadh san dà chànan air làrach-lìn ÙPNMR www.cairngorms.co.uk.

A bharrachd air seo, nì sinn na leanas:

- a) fios-naidheachd a sgaoileadh mun Phlana;
- b) lethbhric den Phlana a chur ri fhaotainn nar n-oifisean poblach agus nar n-ionadan-fàilte;
- c) am Plana a chur air eòlas ar luchd-obrach air Eadra-lìon ÙPNMR;
- d) lethbhric den Phlana a sgaoileadh am measg Bhuidhnean Poblach Neo-Roinneil, riochdairean agus chùnnradairean;
- e) lethbhric den Phlana a sgaoileadh gu buidhnean Gàidhlig;
- f) lethbhric den Phlana a sgaoileadh gu buidhnean eile ris am buin a' chùis; agus
- g) lethbhric a chur ri fhaotainn a rèir iarrtais.

Ullachadh Rianachd a thaobh am Plana Gàidhlig a Chur an Gnìomh

'S e am Plana seo poileasaidh ÙPNMR agus chaidh gabhail ris leis an dà chuid ar n-àrd-sgioba stiùiridh agus buill ar bùird.

Uallach san Fharsaingeachd

'S e an t-Àrd-Oifigear a bhios freagarrach sa cheann thall as a bhith a' dèanamh cinnteach gun libhrig ÙPNMR na chaidh a ghealltainn sa Phlana seo.

Neachan-obrach air leth

Thèid treòr a chur a-mach 's a chur ri fhaotainn don luchd-obrach agus seo a' cur an cèill na bhios am Plana a' ciallachadh dhaibhsan, a' gabhail a-steach fiosrachadh air dearbh-aithne, conaltradh, foillseachaidhean agus cùisean a bhuineas riutha fhèin. Thèid luchd-obrach a bhrosnachadh am beachdan a thoirt seachad air a' Phlana ri linn co-chomhairleachaidh agus faodar molaidhean a dhèanamh a thaobh leasachaidhean fhad 's a mhaireas am Plana.

Seirbheisean a thèid a libhrigeadh le treas phàrtaidhean

Feuchaidh sinn ri dèanamh cinnteach, far is iomchaidh, gun cum rudan a chaidh ullachadh is aontachadh le treas phàrtaidhean fa chomhair ar seirbheisean don mhòr-shluagh ri cùmhnantan a' Phlana seo. Am measg gach dleastanas a tha seo bidh seirbheisean a dh'fhaodadh a bhith air an cur a-mach air chùnnradh. Far nach eil Plana Gàidhlig an-sàs aig treas phàrtaidh sam bith, molaidh sinn dhaibh gun lean iad cùmhnantan a' Phlana Ghàidhlig agus dèanamh cinnteach gun tèid innse don luchd-obrach aca fhèin mu dheidhinn. Cuideachd, leasaichidh sinn siostam-obrach le ar com-pàirtichean a thaobh cleachdadh na Gàidhlig ann an suaicheantas is inneal-inntrigidh na Pàirce.

A' cur fios mun Phlana do bhuidhnean eile

Foillsichidh sinn am Plana Gàidhlig air ar làrach-lìn agus leigidh sinn fios do luchd-co-chomhairleachaidh, do bhuidhnean taobh-a-muigh eile agus do threas phàrtaidhean gun deachaidh an dreachd phlana agus am Plana Gàidhlig aontaichte fhoillseachadh.

A' maoineachadh a' Phlana

Thèid gnìomhan àbhaisteach a ghabhail a-steach agus a mhaoineachadh tro bhuidseatan a thèid aontachadh gach bliadhna. Cuideachd, cuiridh sinn iarrtasan a-steach do bhuidhnean-maoineachaidh iomchaidh airson is gun cuir iad ris na th' againn airson rudan sònraichte far an gabh iad seo ainmeachadh.

A' sgrùdadh Cur-an-Gnìomh a' Phlana

Ann a bhith a' sgrùdadh cur-an-gnìomh a' Phlana Ghàidhlig, cuiridh sinn a-mach ath-sgrùdadh den Phlana gach bliadhna agus nì sinn aithris air na shoirbhich is nach do shoirbhich. Thèid a h-uile ceist no iarrtas a gheibh sinn sa Ghàidhlig a chur air faidhle agus a fhreagairt, cumaidh ar sgrùdadh air sgìlean Gàidhlig sùil air àireamh an luchd-obrach a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig agus air na tha a dhìth orra de thrèanadh, rud a chumas fios ruinn a thaobh nam feumalachdan trèanaidh aca san tìde ri teachd, agus cumaidh sinn sùil air an àireamh de dh'fhiosan-naidheachd is de dh'altan is de dh'agallamhan a nochdas sna meadhanan is sna pàipearan-naidheachd Gàidhlig.

Fiosrachadh Conaltraidh

'S e an t-àrd-oifigear a tha freagarrach as sùil a chumail air ullachadh, libhrigeadh is sgrùdadh Plana Gàidhlig ÙPNMR ach:

Grant Moir

Àrd-Oifigear

**Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh
Ruaidh**

14 a' Cheàrnag

Baile Ùr nan Granddach

Moireabh PH26 3HG

Fòn: 01479 870509

Post-d: grantmoir@cairngorms.co.uk

Bu chòir ceistean mu obair latha-gu-latha
Plana Gàidhlig ÙPNMR a chur gu:

Stephanie Bungay

Stiùiriche Conaltraidh is Fiosrachaidh

14 a' Cheàrnag

Baile Ùr nan Granddach

Moireabh PH26 3HG

Fòn: 01479 870507

Post-d:

stephaniebungay@cairngorms.co.uk